

Carson a tha cànanan dùthchasach cudromach?

Tha cànanan **dùthchasach** cudromach airson **leasachadh** sòisealta, eaconamach agus poilitigeach, airson a bhith beò còmhla ann an sìth agus airson **rèite** nar **coimhearsnachdan**. Ach tha mòran dhiubh ann an cunnart **a dhol à bith**.

Air an adhbhar seo, ghairm na **Dùthchannan Aonaichte** 2019 Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach, 's iad airson gun tèid ceumannan a ghabhail ann an aithghearrachd gus an gleidheadh, an **ath-bheothachadh** agus am brosnachadh.

